



Nathair Alastair



Robina Beckles Willson • Diana Catchpole

Nathair Alastair



An teaca Robina Beckles Willson
Na dealbhan Diana Catchpole
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill


STÒRLANN • ACAIR



Bha Alastair ag iarraidh peata nathrach.
“Tha mi ag iarraidh nathair,” thuirt e ri
Mamaidh.

“Chan fhaigh thu peata nathrach,”
thuirt Mamaidh.

“Nis caidil.”



Chaidil Alastair.

Chunnaic e nathair na chadal.

“Nì thu peata math dhomh,”
thuirt Alastair.



Chuir Alastair Nathair air sèithear.
Chuir e air a bhrògan.
“Feumaidh mise falbh dhan sgoil a-nis,”
thuirt e ri Nathair.
“Cluichidh mi còmhla riut
nuair a thig mi dhachaigh.”



Chaidh Alastair sìos an staidhre
ach chan fhaca e idir Nathair
a' tighinn sìos às a dhèidh.



Bha Mamaidh sa chidsin.
“Cuir ort do chòta Alastair.”
“Feumaidh sinn falbh a-nis,” thuir i.



Ach chan fhaca Alastair Nathair
a’ dol a phòcaid a chòta.




Dh’fhalbh iad uile dhan sgoil,
Alastair agus Mamaidh agus Nathair.

Chroch
Alastair a
chòta.



Thàinig Nathair a-mach às a' phòcaid
airson coimhead mun cuairt.



“Dè tha siud?” dh’fhaighnich an tidsear.
“Sin am peata nathrach agam,” ars Alastair.
“Cha robh fios agam gun tàinig i còmhla
rium dhan sgoil.”



“Chan fhaod nathair a bhith an seo,”
thuirt an tidsear. “Feumaidh sinn a glacadh
agus a cur ann am bogsa.”
Dh’fheuch Alastair ri Nathair a ghlacadh
ach chaidh i dhan chlasrum.



“Feumaidh sibh uile cuideachadh
a’ lorg na nathrach,” thuirt an tidsear
ris a’ chloinn.



Choimhead a' chlann anns a h-uile àite san
rum. Choimhead iad fo na bùird,
fo na sèithrichean agus air na sgeilpean.
Ach cha do lorg iad Nathair.



“Chan eil nathair Alastair an seo,”
thuirt an tidsear.
“Thèid sin a choimhead san raon-chluiche.”



Bha Alastair a' cur air a chòta.
Chuir e a làmh na phòcaid.
Dè bha sin ach Nathair!
"Tha thu agam a-nis!" ars Alastair.



Ach leum Nathair a-mach à làimh Alastair
agus chaidh i a-null chun an tidseir.
"Stad!" dh'èigh Alastair.



Sa mionaid sin dhùisg Alastair.
“Chan eil mi ag iarraidh peata nathrach a-nis,”
thuirt e.
Thog e an dèideag nathrach aige fhèin.
“Ach is toil leam thusa, thuirt e.”

Foillsichearan Foghlaim Heinemann
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND
JOHANNESBURG BLANTYRE GABORONE
IBADAN PORTSMOUTH (NH) USA CHICAGO

© Robina Beckles Willson 1996

A' chiad fhoillseachadh 1996

99
10 9 8 7 6 5 4

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

Am foillseachadh seo sa Ghàidhlig 2002 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn
Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn

Tha Robina Beckles Willson a' dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a comharrachadh mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington

LAGE/ISBN 0 86152 615 5